



# Bun-reachd Comunn Oiseanach Oilthigh Ghlaschu

## 1. AINM

'S e **Comunn Oiseanach Oilthigh Ghlaschu** ("an Comunn" bho seo a-mach) as ainm don Chomunn, no, sa Bheurla Shasannaich, **Glasgow University Ossianic Society**.

## 2. SLUAGH-GHAIRM

Glèidhidh an Comunn an sluagh-ghairm a bh' againn bho shean "lean-sa dlùth ri cliù do shìnsre."

## 3. AMASAN

(i) 'S iad amasan a' Chomuinn:

[a] Gàidhlig a bhrosnachadh air taobh a-staigh agus taobh a-muigh an Oilthigh, ann an co-bhonn le Comann Camanachd Oilthigh Ghlaschu.

[b] còmhradh mu chuspairean anns a bheil ùidh am measg buill a' Chomuinn a phiobrachadh.

[c] còmhradh eadar buill a' Chomuinn a bhrosnachadh.

[e] an cothrom a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig a' chànan a bhruidhinn ann an suidheachaidhean nàdarrach

(ii) Gus seo a dhèanamh, bidh an Comunn a' cur air dòigh measgachadh de thachartasan, mar eisimpleir cothroman còmhradh, seiseanan-ciùil, oidhcheannan film, cuairtean agus eile sa bhlàr a-muigh tro mheadhan na Gàidhlig.

## 4. BALLRACHD

[a] Bidh ballrachd àbhaisteach fosgailte do dh'oileanaich chlàraichte an Oilthigh. Ach, cha bu chòir don àireamh a-mach às a' cheud de bhallrachd co-cheangailte a dhol seachad air 20% dhen bhallrachd uile gu lèir. 'S e oileanaich a tha air clàradh aig an Oilthigh a-mhàin a bhios nam buill àbhaisteach. Thèid aig neach nach eil nan oileanach pàirt a ghabhail mar bhall co-cheangailte ris a' Chomunn ach cha bhi còraichean bhòtaidh aig leithid de bhall co-cheangailte.

[b] Bidh ballrachd cho-cheangailte fosgailte ri neach nach sam bith nach eil nan oileanach agus neach sam bith a bha nan oileanach aig an Oilthigh.

[c] Faodaidh an Comunn ballrachd urramach a thabhainn, air aonta, ma dh'aontaicheas na bhios an làthair aig Coinneamh Choitcheann, do neach sam bith a tha air taic a chur ris a' Chomunn, air neo a tha air urram a bhuileachadh air a' Chomunn. Feumaidh an neach a tha air am moladh airson ballrachd urramach a bhith saor de dh'fhiachan don Chomunn.

[d] Leanaidh ballrachd àbhaisteach neo ballrachd cho-cheangailte gu deireadh na bliadhna acadaimigich bho cheann-latha pàighidh cis na ballrachd.

[e] Riochdairean, a bhios a' riochdachadh nam ball nach eil aig Oilthigh Ghlaschu. Mar eisimpleir, na h-oileanaich aig Conservatoire Rìoghail na h-Alba, Colaiste Baile Ghlaschu agus an leithid.

## 5. CÌS BHALLRACHD

Thèid cìs bhallrachd bhliadhnail a shuidheachadh leis a' Chomataidh aig toiseach gach bliadhna acadaimigeach.

## 6. OIFIGEARAN A' CHOMATAIDH

(i) Chan fhaod ach oileanaich clàraichte aig Oilthigh Ghlaschu a-mhàin a bhith nan oifigearan.

(ii) 'S iad a leanas a bhios nan oifigearan comataidh a' Chomuinn:

[a] an Ceannard, air am bi dleastanas tachartasan agus gnothaichean a' Chomuinn a cho-òrdanachadh. Bidh an Ceannard nan riochdaire air a' Chomunn, agus is iad an Ceannard a ghabhas cathair Coinneamhan Comataidh agus Coinneamhan Coitchean a' Chomuinn.

[b] an Iar-Cheannard, a chumas taic ris a' cheannard anns na gnìomhan aca air fad, agus a ghabhas àite a' Cheannard mas e is nach tèid aig a' Cheannard a bhith an làthair.

[c] An t-oifigear Gàidhlig, a chumas sùil air neart na h-àrainneachd Ghàidhlig agus a bhios mar cheangal eadar an Comunn agus an Oilthigh neo buidheann eile le gnothaichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Cuideachd, suidhidh iad seo air Coimithidh Gàidhlig na h-oilthighe mar riochdaire a' Chomuinn. Bidh Oifigear na Gàidhlig cuideachd a' ruith fo-chomataidh airson sgrìobhadh agus sgaoileadh iris a' Chomuinn gach bliadhna. Faighnichidh iad airson piosan sgrìobhaidh bho mhuinntir a' Chomuinn agus, le cuideachadh bhon fho-chomataidh, cuiridh iad an iris còmhla agus sgaoilidh iad i.

[d] an Rùnaire, a chumas clàr agus rian air mionaidean agus coinneamhan a' Chomuinn, agus a ghabhas uallach air conaltradh a' Chomuinn anns an fharsaingeachd a ghabhail os làimh.

[e] an t-Ionmhasair, a bhios a' gabhail uallach airson cùisean ionmhais agus cunntasan a' Chomuinn a stiùireadh. Bheir an t-Ionmhasar aithisg cheart, mhionaideach, de chunntasan a' Chomuinn mu choinneamh iarrtas bhon Chomataidh, neo ball sam bith dhan Chomunn.

[f] Rùnaire nam Meadhanan Sòisealta, a bhios a' gabhail uallach airson ruith agus stiùir cunntasan nam meadhanan sòisealta uile le taic roghainneil bho bhall-chomataidh a thèid a thaghadh.

[g] an t-Oifigear-Leasa, a bhios a' gabhail uallach airson sùil a chumail air sunnd dhaoine aig tachartasan airson ruigsinneachd agus gabhaltachd agus a bhios mar riochdaire ma bhios draghan aig daoine sam bith co-cheangailte riutha seo. Bidh cead aca mothachadh a thoirt air droch-shunnd a' chomataidh cuideachd, ma nochdas sgath dhen leithid. Thèid an neach seo tro trèanadh SCR sam bith a tha ri thabhainn, mar eisimpleir "Mind Your Mate", "Let's Talk about Sexual Violence" agus "Emotional Resilience Skills". Ma ghabhas a dhèanamh, is e boireannach a bhios na h-Oifigear Leasa.

[h] Na Rùnairean Sòisealta (tha dithis dhiubh ann), a chuireas air dòigh tachartasan sòisealta.

## 7. OIFIGEARAN URRAMACH

Faodaidh Coinneamh Choitcheann Bhliadhnail a' Chomuinn na h-oifigearan urramach a leanas a shònrachadh, a bhios anns an dreuchd fad na bliadhna acadeimigich;

[a] an Ceannard Urramach;

[b] am Bàrd Urramach, a thaisbeanas aon dàn a rinn iad, ann am bàrdachd neo ros, dhan Chomunn uaireigin fhad 's a bhios iad nan oifigeir.

[c] am Pìobaire Urramach, a ghabhas port aig aon de thachartasan a' Chomuinn fhad 's a bhios iad nan oifigeir.

[d] Riochdairean Urramach, a bhios a' brosnachadh dhaoine anns na h-oilthighean aca (RCS, Srath Chluaidh, Oilthigh Chailleannach Ghlaschu, msaa.) tighinn do thachartasan a' Chomuinn. Thèid aon bho gach oilthigh iomchaidh a thaghadh nuair a tha e so-dhèanta.

## 8. COMATAIDH

[a] Thèid tachartasan agus gnothaichean a' Chomuinn a riaghladh leis a' chomataidh, a bhios air a dhèanamh suas de dh'Oifigearan Comataidh a' Chomuinn, ceathrar bhall-àbhaisteach a thèid a thaghadh aig a' Choinneamh Bhliadhnail, neo aig Coinneamh Èiginneach ma tha àite air a chomataidh gun oifigear, agus dithist bhall bhon chiad bhliadhna a thèid a cho-thaghadh leis a' Chomataidh ann an teirm an Fhoghair.

[b] Bidh Oifigearan Urramach nam buill *ex-officio* dhen Chomataidh, agus mar sin gun chòraichean bhòtaidh.

[c] Bidh cumhachdan co-thaghte gun chrìoch aig a' Chomataidh.

[d] Glèidhidh buill a' Chomataidh an dreuchdan gus an ath-Choinneamh Choitchean Bhliadhnail.

[e] Ma bhios a' mhòr-chuid den chomataidh an làthair, bheir sin dhaibh *quorum*.

## 9. COINNEAMH CHOITCHEANN

[a] Bidh Coinneamh Choitchean Bhliadhnail ga cumail air latha freagarrach ann an teirm an Earraich, le co-dhiù 10 latha eadar an gairm agus an coinneamh fhèin. An sin:

[i] gheibhear agus beachdaichear air aithisg bho gach Oifigear dhan Chomataidh, nam measg aithisg bliadhnail bhon Ionmmhasair mu cunntas a' Chomuinn bhon choinneamh mu dheireadh;

[ii] taghar Oifigearan a' Chomataidh, Oifigearan Urramach agus buill cho-cheangailte a' Chomataidh airson an ath-bhliadhna,

[iii] bruidhinnear mu Bhallrachd Urramach a-rèir Artaigil 4[c];

[iv] beachdaichear agus bhòtar air atharrachaidhean sam bith don bhun-reachd; agus

[v] dèiligear ri gnothaichean sam bith eile.

[b] Faodar Coinneamh Choitchean Neo-ghnàthach a ghairm leis a' Cheannard; le roghainn a' Chomataidh; neo air iarrtas le athchuinge o barrachd air sianar bhall, ag innse adhbhar an iarrtais. Faodaidh coinneamh dhan leithid dèiligeadh ri gnothaichean iomchaidh sam bith.

[c] Thèid fios a chur gu buill a' Chomuinn air fad mu cheann-latha, àm, àite agus clàr-gnothaich de Choinneamh Choitcheann sam bith seachd latha ro làimh, aig a' char as giorra, le fios air bòrd-bratha Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, air cuairt-litir, neo air na meadhanan sòisealta.

[d] Ma bhios aon-neach deug de bhuill àbhaisteach aig Coinneamh Choitcheann sam bith (faodaidh seo bhith gabhail a-staigh ball nach eil air a' chomataidh), faodar *quorum* a radha ris an seo.

[e] Chan fhaod bhòtadh aig coinneamh ach buill àbhaisteach dhan Chomunn.

[f] Ro gach taghadh, feumar fios a chur dhan a h-uile ball a thaobh riaghailtean agus ruith nan taghaidhean. Thèid gach taghadh a dheanamh tro baileat dìomhair agus thèid oifigear taghaidh a thagh airson gach taghadh. Bidh còraichean bhòtaidh slàn aig gach Ball Àbhaisteach.

## **10. FARPAISEAN**

Air moladh a' Chomataidh, cùmaidh an Comunn Farpais Litreachais Gàidhlig agus Farpais Pìobaireachd.

## **11. LETH-LAGHAN**

Bidh cumhachdan aig a' Chomunn, rèir toil na Coinneimh Choitchin, leth-laghan a dhearbhadh agus a chur an gnìomh mar a chithear iomchaidh airson deagh riaghladh agus amasan a' Chomuinn a choileanadh.

## **12. COINNEAMHAN**

Thèid coinneamhan a' Chomuinn air fad a chumail anns a' Ghàidhlig mar chleachdadh àbhaisteach, far an gabh seo a dhèanamh.

## **13. ATHARRACHAIDHEAN DHAN BHUN-REACHD**

[a] Thèid atharrachadh a dhèanamh air a' bhun-reachd le aonta aig a' Choinneimh Choitchin a-mhàin. Ach, feumaidh dà-thrian dhe na bhios a' bhòtadh gabhail ri moladh airson leithid de dh'atharrachadh.

[b] Bu chòir do dh'atharrachaidhean sam bith a thèid a mholadh le ball sam bith dhan a' Chomunn a chur ann an sgrìobhadh fa chomhair a' Cheannard co-dhiù seachdain ron Choinneamh Choitcheann siud. Cuiridh an Ceannard na h-atharrachaidhean a tha air am moladh am measg an fhiosrachaidh a sgaoileas iad do bhuill mu chlàr-gnothaich na Coinneimh Choitchin.

[c] Ma thèid atharrachadh a dhèanamh air a' bhun-reachd ann an aon chànan, atharraichear cuideachd a' chànan eile le neach-molaidh an atharrachaidh no, mura bi iad sin air chomas sin a dhèanamh, le Rùnaire a' Chomuinn, gus am bi an dà thionndadh den bhun-reachd co-ionnan

[d] Mas e 's gun nochd dì-aonta eadar an dà thionndadh, bidh inbhe nas àirde aig an tionndadh Ghàidhlig a thaobh tuigse air brìgh na bun-reachd

## **14. GABHALTAS**

Is e comann gabhaltach a th' anns a' Chomunn a nì amas air a h-uile duine le Gàidhlig a thoirt còmhla. Mar sin, chan fhoighnich an Comunn leth-bhreith stèidhichte air gnè, seòrsa, creideamh, no cinneadh, aois, suidheachadh slàinte, coltas, inbhe, neo suidheachadh a thaobh teaghlach.

[a] Ma nochdas amharas gu bheil leithid a rud air ceann a thogail co-cheangailte ri obair a' Chomuinn, is e an t-Oifigear Leasa, le taic bhon fo-Chomataidh, a bhios os cionn rannsachadh agus moladh air na thachras gus fuasgladh a ruigsinn.

[b] Ma ghabhas a dhèanamh, thèid an Ceannard, an Iar-Cheannard, agus an Rùnaire tro thrèanadh an SRC a thaobh foirneart-ghnè, no trèanadh sam bith eile a thèid a thabhainn do chomataidhean a thaobh gabhaltais.

## 15. CÒD-GIÙLAIN

Còd fèin-ghiùlain:

Bu chòir gum bi buill a' Chomuinn agus oifigearan a' chomataidh nan eisimpleirean matha dhan Ghàidhlig agus dhan Chomunn. Bidh an còd fèin-ghiùlain air a choileanadh tro na luachan a leanas.

'S iad luachan a' Chomuinn:

- Urram a shealltainn dha chèile
- Urram a shealltainn dhan chànan
- Riochdachadh cànan agus cultar nan Gàidheal gu soirbheachail
- A' cur fàilte ro neach sam bith a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a bhith a' brosnachadh neach sam bith a tha airson Gàidhlig ionnsachadh.
- Seasamh suas ri ana-cheartas/neo-ionannachd a bheireas buaidh air neach sam bith
- Gàidhlig a bhrosnachadh an dà chuid am broinn na h-oilthigh agus taobh a-muigh

## 16. MODH-GEARAIN

Faodar gearan a chuir tro mheadhan sgrìobhadh don Oifigear Leasa, ann an suidheachadh far a bheil an t-Oifigear Leasa fhèin fo chasaidean, obraichidh an Ceannard mar Oifigear Leasa airson an eadar ama. Thèid fo-choimitidh a thagh gus an gearan a sgrudadh, bi an t-Oifigear Leasa mar phàirt dhen an fo-chomitidh ma tha sin freagarach. Nuair a tha gearan ann, 's iad an t-oifigear leasa agus fo-chomataidh beag a dhèiligeas ris. Bidh am pròiseas fo rùn, cho fad' agus as urrainn. Bu chòir gum bi an t-oifigear leasa an lùib na buidhne seo - faodaidh do dh'oifigear sam bith eile a bhith na lùib, cho fad' agus nach robh iad an sàs anns a' chùis a chaidh a thogail. Ma tha eisimpleir de chòmhstri-ùidh mar seo a' togail ceann, bu chòir gum bi cuideigin eile air a' chomataidh a' gabhail pàirt, m.e., an rùnaire sòisealta a' gabhail àite an ionmhasair air neo an ceannard a' gabhail àite an oifigear-leasa.

## 17. CEANN NA MAIDE

- 'S e t-oifigear-leasa a dhèiligeas ri gearan sam bith a thèid a thogail, còmhla ri fo-chomataidh bheag ma tha seo a dhìth.
- Ma bhios an gearan a' nochdadh mun oifigear-leasa fhèin, dèiligidh an ceannard ris, no an iar-cheannard, agus mar sin air adhart.
- Ma tha gearan air a thogail ri linn ionnsaigh leth-bhreitheach neo ionnsaigh feiseal thèid stiùireadh proifeiseanta iarraidh anns gach suidheachadh, ri fhaighinn tron SRC Advic Centre airneo bho Sexual Violence and Harassment First Responders aig <https://www.gla.ac.uk/myglasgow/sexual-violence-harassment-support/students/>
- Ma tha na casaidean dona gu leòr 's gu bheil rathad ann gum feum Oifigear air a' chomataidh a chuir a mach as a' Chomunn thèid an Oifigear sin a thoirt far a' chomataidh fad 's a tha sgrùdadh fhathast a dol. Ma tha an cùis nas miosa buileach, 's docha gun tig e an aghaidh Còd giùlain na h-Oilthighe 's mar sin bi an

Oilthigh fhèin ann an suidheachadh nas fhèarr airson dèiligeadh ris. Thèid seo air adhairt don t-Seanadh tro [student-conduct@glasgow.ac.uk](mailto:student-conduct@glasgow.ac.uk).

- Gheibh gach neach as motha a tha an sàs sa chùis cothrom an suidheachadh a mhìneachadh bhon taobh aca fhèin.
- Bidh am pròiseas seo fo rùn cho fad' agus as urrainn.
- Thèid gach nì a chlàradh.
- Bidh sinn ag amas air conaltradh sam bith a thaobh na cùise a fhreagairt taobh a-staigh seachdain aig a' char as fhaide.
- Bidh an t-oifigear-leasa agus/neo an fho-chomataidh leasa a' feuchainn ris an fhuasgladh as sìmplidh a lorg.
- Ma bhios cùisean ro dhona, no do-dhèanta, bhòtaidh a fho-chomataidh air na thachras.
- Faodaidh Coinneamh an fho-Chomataidh peanas a thogail an aghaidh ball sam bith a bhriseas Còd Fèin-Ghìulain a' Chomuinn, no a nì cron air amasan no buill a' Chomuinn, ach faodar ath-thagradh iarraidh bho ball eile air a' Chomataidh. A-rèir an t-suidheachaidh, faodaidh seo a ghabhail a-steach rabhadh foirmeil, bacaidhean leithid ball a chur à rèim airson grèis, àite-comataidh a thoirt air falbh, no an cead aca ruith aig Coinneamh Choitcheann Bhliadhnail a thoirt air falbh. Air a' char as miosa, faodaidh Coinneamh Chomataidh ball a chur a-mach às a' Chomunn, agus/air neo aithris a dhèanamh dhan no àrd-sheanadh na h-oilthigh, far a bheil sin freagarach fo stiùireadh nam buidheanan sin fhèin.
- 'S e mòr-chuid shìmplidh a chleachdas a' bhòt seo an-còmhnaidh.
- Ma tha taghadh neo peanasachadh air an ath-thagradh, bu chòir gum bi na h-adhbharan bhon chiad roghainn air an sealltainn ris an tagraiche. An dèidh seo, 's urrainn do cho-comhairle a ghabhail àite, far am bi cothrom aig an tagraiche a bhith a' sealltainn dhan chomataidh na tha iad ag iarraidh. Ma tha ath-thagradh riatanach aig an àm seo, bu chòir gum bi am pròiseas air a leantainn a-rithist, agus bu chòir gum bi seo a tachairt le fo-chomataidh dhiofraichte, neo na b' fharsainghe, gus seallaidhean dhiofraichte fhaighinn air an t-suidheachadh.

## 18. Dion dàta

Bi a' Chomunn a' clàradh fios pearsanta mu dheidhinn buill a' Chomuinn airson cùisean a' Chomainn a ruith far a bheil sin freagarach. Thèid a chumail ann an dòigh dìomhair dìreach cho fad 's a tha feum air. Cha d'fhèid sian dhen fios seo a reic neo a thoirt seachad do buidheann sam bidh eile gun cead an neach fhèin. Faodaidh ball sam bidh leth-bhreacadh den fios mun deidhinn a dh'iarraidh aig àm sam bidh agus gus fios sam bidh a cheartachadh aig uair sam bidh.

## 19. DEIREADH A' CHOMUINN

Nan tigeadh crìoch air a' Chomunn, gun rachadh airgead sam bith a tha anns a' bhanca agus fo ainm a' Chomuinn a thoirt air tabhartas gu buidheann Gàidhlig leis na h-aon seòrsa amasan ris a' Chomunn. Thèid am buidheann a thaghadh leis a' chomataidh mu dheireadh.

### LETH-LAGHAN

1. Gabhaidh an Ceannard an cathair ann an coinneamhan a' Chomuinn; mura gabh; an Iar-cheannard, mura gabh; an Rùnaire, mura gabh; an t-Ionmhasair; mura gabh; an Rùnaire Sòisealta.
2. A-rèir òrdugh na coinneimh agus breith a' bhun-reachd, ma bhios eas-aonta ann agus na bhòtaichean ceangailte, 's e roghainn a' Chathair ris an gabhar.
3. Bidh an dà chuid bhòt a' cho-dhùnaidh agus bhòt àbhaisteach aig a' Cheannard

4. Feumaidh conaltradh neo glèidheadh-tachartais sam bith, as leth a' Chomuinn, a bhith air a dhèanamh le làn-thoil buill a' Chomuinn, agus a bhith air aontachadh leis a' Chomataidh ro làimh. Faodaidh ball sam bith a bhriseas an riaghailt seo a bhith air am peanasachadh mas e sin toil a' Chomataidh a-mhàin.
5. Ma thèid cùis a thogail an aghaidh ball sam bith a mhi-riochdaicheas beachdan a' Chomuinn, no a nì cron air amasan no buill a' Chomuinn, 's iad an t-oifigear leasa, le taic bho bhuidheann de bhuill a' Chomataidh a thèid a thaghadh leis an oifigear leasa, a bheir sùil air a' chùis. Thèid fios a chur do gach neach a tha an sàs anns a' chùis agus bidh cothrom ann dhaibh bruidhinn ris an oifigear-leasa gus an suidheachadh a shoillearachadh bhon taobh acasan. Thèid na puingean as cudromaiche a chlàradh ach cha tèid neach sam bith ainmeachadh. Thèid gach conaltradh eadar na buill agus an t-oifigear leasa/buidheann leasa a chumail fo rùn ach far a bheil a' chùis cho dona agus gum feum sinn a' chùis a thogail aig ìre nas àirde (mar eisimpleir; an SRC no seanadh an oilthigh, far a bheil sin freagarach fo stiùireadh nam buidheanan sin fhèin). Faodaidh Coinneamh Chomataidh peanas a thogail an aghaidh ball sam bith a mhi-riochdaicheas beachdan a' Chomuinn, no a nì cron air amasan no buill a' Chomuinn. A rèir an t-suidheachaidh, faodaidh seo a ghabhail a-steach rabhadh foirmeil, bacaidhean leithid ball a chur à rèim airson grèis, àite-comataidh a thoirt air falbh, no an cead aca ruith aig Coinneamh Choitcheann Bhliadhnail a thoirt air falbh. Air a' char as miosa, faodaidh Coinneamh Chomataidh ball a chur a-mach às a' Chomunn.
6. Thèid cunntasan a' Chomuinn a sgrùdadh le dithist bhall a bharrachd air an Ionmhasair mus tèid fhoillseachadh dhan Choinnimh Choitchin Bhliadhnail.
7. Tha feum aig cunntasan banca a bhith fo smachd an ionmhasair agus a' cheannaird làithrich. Chan fhaod do dh'airgead sam bith a bhith ann an cunntas banca pearsanta no ann am bogsa-airgid pearsanta aig oileanach sam bith. Bu chòir gum bi an t-airgead gu lèir ann an cunntas banca a' Chomuinn, air neo ann an cunntas eadar-aimsireil (*holding*) an SRC.
8. Thèid coinneamhan tar-aisigeach a chumail airson gach oifis air a' chomataidh, agus 's e dleastanas an t-seann oifigeir a th' ann gus na coinneamhan seo a ruith. Mar phàirt dhe seo thèid gach nì, bathair cruaidh agus bog, co-cheangailte ris anobair a thoirt don oifigear ùr:
  - [a] an ceann-dà sheachdain às dèidh dhan oifigear ùr tòiseachadh ma tha atharrachadh a' gabhail àite feadh an teirm
  - [b] ro thoiseachd teagaisg an ath theirm tòiseachadh ma tha atharrachadh a' gabhail àite feadh nan làithean saoraagus nochdaidh an seann oifigear aig an ath choinneamh air neo cuiridh iad fios sgrìobhte dhan Cheannard gus dearbhadh gu bheil seo dèanta.
9. Cha tèid leth-lagh a chur à gnìomh às aonais aonta bho dhà-thrian de bhuill a bhios an làthair agus a bhòtas.
10. Cha tèid Al Cinneachail a chleachdadh airson an Comunn a shanasachadh neo airson litreachas sam bith eadar-theangachadh airson a' Chomuinn.



# Comunn Oiseanach Oilthigh Ghlaschu Constitution

## 1. NAME

The society shall be called **Comunn Oiseanach Oilthigh Ghlaschu** or its equivalent in English, **Glasgow University Ossianic Society**.

## 2. MOTTO

The society shall have as its motto “lean-sa dlùth ri cliù do shìnnse.”

## 3. OBJECTIVES

(i) The objectives of the society shall be:

- [a] to promote the Gaelic language within and outwith the University, in partnership with the University of Glasgow Shinty Club.
- [b] to encourage the discussion of subjects of interest among members of the society;
- [c] to promote social intercourse among members of the society;
- [e] to provide the opportunity for Gaelic speakers to use the language in natural settings

(ii) In order to pursue these aims, where possible the Society will hold a mixture of events, for example conversation groups, musical sessions, movie nights, recreational outdoor activities and so on through the medium of Gaelic.

## 4. MEMBERSHIP

[a] Ordinary membership shall be open to all matriculated students of the University. However, the percentage of associate membership may not exceed 20% of the total

membership.

[b] Associate membership shall be open to non-students, and to past students of the University. Ordinary members may only be Registered students and non students may join as Society associates but will have no voting rights.

[c] Honorary membership may be conferred by the Society, by resolution of a General Meeting, on any person who has rendered singular service to, or brought honour to the Society. Any person nominated for honorary membership must be free of debt to the Society.

[d] Ordinary and Associate membership until the end of the relevant academic year shall be effective from the date of payment of the appropriate subscription fee.

[e] Representatives, who shall be responsible for representing and getting involved the members from universities and colleges other than the University of Glasgow, such as the Royal Conservatoire of Scotland or the Nautical College.

## **5. SUBSCRIPTION FEES**

The annual subscription payable for membership shall be determined by the Committee at the commencement of each academic year.

## **6. OFFICE-BEARERS**

(i) Only registered students of Glasgow University can be an Office Bearer.

(ii) The Office-Bearers of the Society shall be-

[a] the President, who shall be responsible for coordinating the activities and affairs of the Society, shall represent the Society, and shall chair all Committee and General Meetings of the Society.

[b] the Vice-President, who shall assist the President in the execution of their duties, and shall deputise for the president in their absence.

[c] the Gaelic Officer, who shall monitor and promote the situation of the Gaelic environment, and will act as a correspondent between the Committee and the University or any other entity in matters pertaining to Gaelic. They will sit on the University Gaelic Committee as the Society's representative. The Gaelic Officer will also run a sub-committee for writing and distributing the Comunn's periodical each year. They will ask for pieces of writing from the Comunn's membership and, with help from the sub-committee, will put the periodical together and distribute it.

[d] the Secretary, who shall record and keep all minutes of meetings of the Society, and who shall be responsible for all correspondence.

[e] the Treasurer, who shall be responsible for the financial affairs and accounts of the Society, and who shall produce an accurate statement of the Society's financial status upon request of the Committee, or any member of the Society.

[f] the Social Media Secretary, who shall be responsible for the running and upkeep of all social media platforms with the optional assistance of any chosen committee members.

[g] the Welfare Officer, who shall be responsible for keeping an eye on the wellbeing of members during events for inclusivity and accessibility and who shall be a representative should others be concerned regarding these issues. They may also raise awareness regarding the welfare of the committee, should such a situation arise. This person will go through any SRC training on offer, such as "Mind Your Mate", "Let's Talk About Sexual Violence" and "Emotional Resilience Skills". Where possible, a woman will be encouraged to be the Welfare Officer.

[h] the Social Secretaries (there are two of these), who shall be responsible for the organising and implementation of the Society's social events.

## **7. HONORARY OFFICERS**

The Annual General Meeting of the Society may appoint the following honorary officers of the Society, who shall hold office during the currency of the relevant academic year;

[a] the Honorary President;

[b] the Honorary Bard, who shall present one of their own Gaelic compositions in poetry or prose to the Society during their term of office.

[c] the Honorary Piper, who shall perform at one Society function during their term of office.

[d] the Honorary Representatives, who will encourage people in their universities (RCS, Strathclyde, The Nautical College, etc.) to come to the Comunn's events. One from each relevant university will be chosen when this is possible.

## **8. COMMITTEE**

[a] The activities and affairs of the Society shall be managed by a Committee, which shall consist of the Office-Bearers of the Society, four ordinary members of the Society elected by the Annual General Meeting, or Extraordinary General Meeting in the event of a vacancy, and two first-year members of the Society co-opted by the committee in the Autumn term.

[b] The Honorary Officers shall be ex-officio members of the committee, and as such shall have no voting rights.

[c] The Committee shall have unlimited powers of co-option.

[d] Committee members shall hold office until the next Annual General Meeting.

[e] A majority of Committee members shall constitute a quorum.

## **9. GENERAL MEETINGS**

[a] There shall be an Annual General Meeting held on a convenient date in the Spring term, called with no less than 10 days until the day of the meeting. Such a meeting:

[i] shall receive and consider a report from each Office-Bearer, including a financial statement on the year from the last AGM presented by the Treasurer;

[ii] shall elect Office-Bearers, Honorary Officers and ordinary committee members for the next year;

[iii] may confer Honorary membership in accordance with Article 4[c];

[iv] may consider and vote on any Amendments to the Constitution; and

[v] may transact any other competent business.

[b] An Extraordinary General Meeting may be called by the President; by decision of the Committee; or by a signed request of not less than six members, stating the purpose for which it is requested. Such a meeting may transact any competent business.

[c] All Society members shall be informed of the date, time, place and agenda of any General Meeting no less than seven days in advance by way of notice on the Celtic department noticeboard, by newsletter or by social media.

[d] At any General Meeting, eleven ordinary members, including a non-Committee member, shall constitute a quorum.

[e] Only ordinary members of the Society shall have the right to vote in meetings.

[f] Rules on election procedures must be made available to candidates in advance of any election. All elections will be conducted by secret ballot and a returning officer will be appointed for elections. All Ordinary Members of the Society will have full voting rights.

## **10. COMPETITIONS**

The Society on the recommendation of the committee shall hold a Gaelic Literary Competition and a Piping Competition.

## **11. BYELAWS**

The Society shall have the power to determine and enact by resolution of a General Meeting such byelaws as may be necessary for the good running of the Society.

## **12. CONDUCT OF MEETINGS**

All meetings of the Society shall be conducted in Gaelic as far as possible.

### **13. AMENDMENTS TO THE CONSTITUTION**

[a] The constitution may only be amended by resolution of a General Meeting, with two-thirds of those voting accepting the amendment

[b] Any such amendments should be proposed and seconded by members of the Society and presented in writing to the President at least one week before the relevant General Meeting. The President shall include the proposed amendment in the notice informing members of the agenda of the General Meeting.

[c] If the constitution is amended in one language, it shall also be amended in the other language by the proposer of the amendment or, if they are unable to do that, with the Secretary of the Society, such that the two versions of the constitution shall be equivalent.

[d] Should there be a divergence in meaning between the two versions, the Gaelic version shall have higher status with regards to the interpretation of the meaning of the constitution.

### **14. EQUALITY AND INCLUSION**

The Society is an inclusive space aiming to bring together every Gaelic speaker. Therefore, it will not tolerate any discrimination including those based on gender, sexual orientation, religion, ethnicity, age, health status, appearance, status or family situation.

[a] If any such issue should arise related to the Comunn, the Welfare officer, with the support of the sub-Committee if appropriate, will be responsible for researching the case and recommending an appropriate course of action to reach a resolution.

[b] If appropriate, the President, Vice-president and the Secretary will undertake SRC training related to gender-based violence, or any other training related to accessibility and inclusion which is offered to Committees.

### **15. CODE OF CONDUCT**

Members and office bearers should be good examples for Gaelic and the Society. The code of conduct is fulfilled through the following values.

The values of the Society are:

- Respect for one another
- Respect for the language
- Representing the Gaelic language and culture successfully
- Welcoming anyone who is learning the language and encouraging people who are wanting to learn it.
- Standing against injustice or inequality affecting anyone
- Encouraging Gaelic wholeheartedly within and out with the university.

### **16. COMPLAINTS PROCEDURE**

A complaint can be submitted in writing to the Welfare Officer, in the event of a complaint being filed at the welfare officer the president will assume their role, further, a subcommittee will be formed to handle the complaint in accordance with the Disciplinary Process outlined below. The welfare officer will be a member of said sub-committee if appropriate. The process will be confidential so far as this is possible. The welfare officer should be involved in this group if possible – any other office-bearer can be involved as long as they are not

directly involved in the complaint. If this arises, someone else on the committee should take their place, i.e treasurer replaced by social secretary, or the welfare officer replaced by president.

## 17. DISCIPLINARY PROCESS

- The welfare officer will deal with any complaint raised, along with a small sub-committee if needed.
- If the complaint is made about the welfare officer, then it will be dealt with by the president, or the vice-president, so on and so-forth.
- If a complaint is raised related to discrimination based violence or sexual assault specialist support must be received during the disciplinary process, to be found through the SRC Advice Centre or Sexual Violence and Harassment First Responders at <https://www.gla.ac.uk/myglasgow/sexual-violence-harassment-support/students/>
- If a complaint serious enough that it could warrant suspension or expulsion from the Society is made against a committee member, that member will be suspended from the committee while the disciplinary process is executed. In more serious instances, the problematic behaviour may constitute a breach of the University's Code of Student Conduct. In these cases, the University may be better placed to deal with the matter. Any breaches of the code of student conduct can be made to the University Senate, via [student-conduct@glasgow.ac.uk](mailto:student-conduct@glasgow.ac.uk).
- Each person chiefly involved in the complaint will have an independent and confidential opportunity to testify to their personal perspective.
- The process will be confidential within the group assigned to the complaint, insofar as this is possible.
- Each aspect of the process will be recorded.
- We will aim to provide some form of response to the complaint within a week at most.
- The welfare officer and their sub-committee will try to find the most simple solution possible, and adopt a policy of de-escalation.
- A subcommittee meeting may determine the consequences of a member breaking the code of conduct, or damaging the aims or members of the Society, subject to appeal. Depending on the situation, these consequences may include but are not limited to: a formal warning, a temporary suspension of membership of the Society, revocation of committee position, personal bar from participating in General or Exceptional Meetings (for example running for committee, voting in elections). In the worst case, a committee meeting could remove membership entirely, and report the complaint to the University Senate where appropriate under the organisations' own guidelines.
- The votes referred to will always be taken on a simple majority basis.
- If a decision or consequence is appealed, first recorded reasoning must be released to the applicant, then a consultation in which the applicant can make their desires known. If a re-evaluation is required the process will be followed again, with a different subcommittee in order to achieve different perspectives.

## 18. DATA PROTECTION

The Society records personal information about its members for the purposes of running the society where there is legitimate interest. This information will be held securely and only for as long as it is needed. The information will not be sold or otherwise passed on to third parties without individuals' consent. Society members have the right to a copy of the

information held about them on request, and to correct any inaccuracies in the information held.

## 19. DISSOLUTION OF THE SOCIETY

Should the Society be dissolved, any funds held in the bank account under the Society's name shall be granted as a donation to a Gaelic organisation which has the same general aims as the Society. This group shall be selected by the final committee.

### BYELAWS

1. The President shall chair meetings of the Society, whom failing the Vice President, whom failing the Secretary, whom failing the Treasurer, whom failing the Social Secretary.
2. In regard to points of order and in the interpretation of the Constitution, the Chair's decision shall be final.
3. The Chair shall have a deliberative and a casting vote.
4. Any correspondence or bookings on behalf of the Society, claiming to represent the views or interests of the Society, must be approved by the committee. Any member infringing this rule may be censured by decision of the committee alone.
5. If a complaint is raised against any member mis-representing the opinions of the Society, or damaging the aims or members of the Society, the Welfare Officer will look into the matter with the help of a small team of committee members of their choosing. Every person involved in the case will be informed and have the chance to clarify matters from their point of view. The most relevant points will be anonymously recorded. Every communication between Society members and the Welfare Officer/team will be kept confidential, unless escalation is needed (for example, a report to the SRC or Senate, where appropriate under the organisations' guidelines). A Committee Meeting can set a penalty on any member misrepresenting or damaging the Society's opinions, aims and members. Depending on the gravity of the situation, this can include a formal warning, a temporary suspension from the Society and/or Committee, or a suspension from running in the AGM. In the worst-case scenario, membership can be permanently revoked and the member expelled from the Society.
6. The Accounts of the Society shall be examined by two members other than the Treasurer before they are presented to the Annual General Meeting.
7. Society/club bank accounts must always be under the control of the CURRENT treasurer and president. No club or Society finances should be held within a student's personal bank account or cash tin. All clubs or Society funds should be held within a club/Society bank account or SRC holding account.
8. Each office will hold an official transition meeting, and it is the responsibility of the outgoing office holder to ensure these meetings are held. Every item, both hard and software, pertaining to the office will be passed to the new office holder
  - [a] within two weeks of the new office holder taking the position if this transition occurs during semester time
  - [b] before the start of teaching in the next semester if the transition occurs during holidays

The outgoing office holder will appear at the next meeting or will send written assurance to the President that this meeting has occurred.

9. No Byelaw may be suspended without the agreement of two-thirds of ordinary members present and voting.
10. Generative AI will not be used to advertise the Comunn or for any literature translated for the Comunn.